

Urras Taigh Chearsabhagh PLANA GÀIDHLIG

Tha am plana seo air a dheasachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig san Fhaoilleach 2018.



RO-RÀDH

Tha Taigh-tasgaidh is Ionad Ealain Thaigh Chearsabhagh a' cur roimhe gun cuir sinn a' Ghàidhlig aig teis-meadhan ar cuid obrach gu lèir. Tha sinn a' creidsinn gum bi a' Ghàidhlig agus cultar nan Gàidheal cudromach dhuinn san àm ri teachd dìreach mar a tha i airson innse dhuinn mun dualchas is mun eachdraidh againn.

Tha e fa-near dhuinn an seo aig Taigh Chearsabhagh a dhèanamh cinnteach gu bheilear a' bruidhinn na Gàidhlig gu nàdarra anns an Ionad gu lèir, eadar Oifis a' Phuist, an Café agus an Gaileiridh. Tha linn ùr a' tòiseachadh nar cuid obrach anns an tèid an luchd-obrach a bhrosnachadh gus an cuid Gàidhlig a bhruidhinn san àite-obrach, anns an cùm sinn taic don luchd-obrach gus a' Ghàidhlig ionnsachadh agus anns am bi ar cuid conaltraidh gu lèir dà-chànanach.

Tha e na fhìor adhbhar toileachais dhuinn a bhith an lùib na h-iomairt airson cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh, a neartachadh agus a thaisbeanadh.

Tha dealas aig Taigh Chearsabhagh a thaobh amasan is dòchas Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Geàrr-chunntas

Caibideil 1

Cur an aithne

- Iomradh air an ùghdarras phoblaich
- Gàidhlig anns an raon ghnìomhachdan
- Aonta do ar Plana Gàidhlig

Caibideil 2

Prìomh Dhealasan

- Dearbh-aithne
- Conaltraidhean
- Foillseachaidhean
- Luchd-obrach

Caibideil 3

Buidhean a' Phoileasaidh don Ghàidhlig: buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

- Togail Cànan
- Cleachdadh Cànan
- Inbhe Cànan
- Corpas Cànan

Caibideil 4

Buileachadh agus Sgrùdadh

Neach fiosrachaidh

Geàrr-chunntas

Tha ***Taigh Chearsabhagh*** ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig mar phàirt choileanta de dhualchas na h-Alba, den dearbh-aithne nàiseanta agus den bheatha chultarach. Tha ***Taigh Chearsabhagh*** dealasach a thaobh nan amasan a tha air an lìbhrigeadh ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus air na structaran agus na h-iomairtean riatanach a chur nan àite gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig seasmhach ann an Alba san àm ri teachd.

Tha ***Taigh Chearsabhagh*** ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig anabarrach cugallach agus ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, tha feum air oidhirp co-phàirteach bhon riaghaltas, na raointean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth gus:

- *inbhe na Gàidhlig àrdachadh;*
- *togail agus ionnsachadh na Gàidhlig adhartachadh;*
- *meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh*

Is e seo Plana Gàidhlig ***Taigh Chearsabhagh*** a chaidh a dheasachadh an taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a bhios sinn a' cleachdadh na Gàidhlig ann an cur an gnìomh ar n-obair, mar a bheir sinn comas do chleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios sinn a' conaltradh leis a' phoball agus ar prìomh chom-pàirtichean, agus mar a dh'adhartaicheas sinn agus a leasaicheas sinn Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig ***Taigh Chearsabhagh*** air a dheasachadh ann an co-chòrdadh leis na slatan-tomhais reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd 2005, agus a' toirt aire dha *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus do *Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

Structar a' Phlana Ghàidhlig

Is e prìomh eileamaidean a' Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – Cur an aithne

Tha an caibideil seo a' toirt dhuibh fiosrachadh mun chùl-raon agus co-theacsa co-cheangailte ri deasachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus structar prìomh raointean gnìomhachd ***Taigh Chearsabhagh***. Tha e cuideachd a' toirt seachad geàrr-chunntas air àireamhan sluaigh le Gàidhlig.

Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar a chleachdas ***Taigh Chearsabhagh*** a' Ghàidhlig agus mar a bheir sinn comas do chleachdadh na Gàidhlig a thaobh ar prìomh ghnìomhan gnothachais. Tha e a' còmhach prìomh raointean gnìomhachd leithid dearbh-aithne corporra, sanasachd, conaltradh leis a' phoball agus cleachdadh na Gàidhlig air ar làrach-lìn. Tha an caibideil seo a' mìneachadh *na h-ìre bhunasaich as lugha* de Gàidhlig a tha sinn a' gealltainn a sholarachadh ann am beatha a' Phlana.

Caibideil 3 – Buidhean a' Phoileasaidh don Ghàidhlig: a' cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas ***Taigh Chearsabhagh*** le Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn an dùil Gàidhlig a chleachdadh ann am planadh agus libhrigeadh sheirbheisean, gu h-àraid ann an raointean poileasaidh leithid co-ionannachd is iomadachd. Tha an caibideil seo cuideachd a' beachdachadh air mar a bheir sinn cunntas air a' Ghàidhlig agus ar Plana Gàidhlig nuair a bhios sinn a' dealbhadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

Caibideil 4 – Buileachadh agus Sgrùdadh

Tha an caibideil seo a' mìneachadh mar a chuireas sinn an gnìomh buileachadh a' Phlana Gàidhlig againn, agus mar a bhithear a' dèanamh sgrùdadh air buileachadh agus toraidhean.

CAIBIDEIL 1 – CUR AN AITHNE

A' stèidheachadh co-theacsa airson Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus libhrigeadh sanas:

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba leis a' bheachd inbhe na Gàidhlig a thèarainn mar chànan oifigeil ann an Alba ag àithneadh urram co-ionnan ri Beurla.

Is e an t-solar a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a dheasachadh, aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005. Chaidh an t-solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gum bi an raon poblach ann an Alba a' coileanadh a dhleasan ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd, le bhith ag àrdachadh inbhe agus a h-ìomhaigh agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Co-chomhairleachadh air dreachd Plana Gàidhlig:

Tha Achd 2005 ag iarraidh gun toir buidhnean poblach deasachadh a Phlana Gàidhlig gu aire bhuidhnean iomchaidhuile. Tha ***Thaigh Chearsabhagh*** air co-chomhairleachadh poblach a dhèanamh air a dhreacadh Plana Gàidhlig anns an Dùbhlachd 2017 agus air cunntas a thoirt air riochdachaidhean tron chùrsa co-chomhairleachaidh.

*Aonta do Phlana Gàidhlig **Thaigh Chearsabhagh**:*

Bidh Plana Gàidhlig ***Thaigh Chearsabhagh*** air a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta anns an Fhaoilleach 2018.

Geàrr-iomradh air Taigh Chearsabhagh agus cleachdadh na Gàidhlig nar cuid obrach

Cùl-fhiosrachadh

'S e Taigh Chearsabhagh an t-ionad ealain is dualchais airson muinntir Uibhist gu lèir. Tha taisbeanaidhean ealain, tachartasan bàrdachd is litreachais, cuirmean ciùil is fèisean beaga againn fad na bliadhna. Bidh sinn a' cumail taisbeanaidhean ealain eadar-nàiseanta, tha taigh-tasgadh againn a tha air iomadh duais a chosnadh, agus bidh sinn ag obair cuide ri luchd-ealain, luchd-rannsachaidh agus sgrìobhadairean às na h-eileanan agus eadar-nàiseanta. Tha ùidh mhòr againn ann am film cuideachd. Tha sinn ag obair an com-pàirteachas le Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean (cùrsaichean ealain fhinealta gu ìre ceuma) agus le Sabhal Mòr Ostaig air cùrsaichean Gàidhlig is eile.

'S e ionad air leth a th' annainn suidhichte ann an àite àlainn. Tha ealain, dualchas is leasachadh eaconamach Uibhist a Tuath gam brosnachadh an seo agus tha obair an Ionaid a' taisbeanadh coimhearsnachd, cànan agus cultar na Gàidhlig.

Tha sinn a' gleidheadh Cruinneachadh Dhealbhan-camara Uibhist, anns a bheil beartas de dh'eachdraidh chultarail nan Gàidheal. A thuilleadh air sin tha stòras de chlàraidhean labhairt againn, air a bheil beul-aithris beairteach na Gàidhlig air a ghleidheadh airson nan ginealaichean ri teachd.

Bidh Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath ag obair le sgoiltean is daoine òga an lùib prògram Òigridh CEUT is na daoine òga an sàs ann an cruthachadh chruinneachaidhean airson an ama ri teachd.

Bidh an Comann Eachdraidh ag obair gu dlùth le Sgoil Uibhist a Tuath, agus le Oilthigh Chill Rìmhinn airson taisbeanaidhean air Hiort, an Cogadh Mòr agus Airc-eòlas a thoirt gu buil.

'S i a' Ghàidhlig am prìomh chànan anns a h-uile taisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Thaigh Chearsabhagh.

Tha Taigh Chearsabhagh suidhichte air creag dhaingeann os cionn bàgh Loch nam Madadh. Tha a' bhuidheann againn stèidhichte air a' choimhearsnachd agus a' tairgsinn prògram cultarail de thachartasan brosnachail is inntinneach fad na bliadhna airson muinntir Uibhist agus an luchd-tadhail. Tha sinn moiteil às a' chliù a tha sinn air cosnadh mar tèarmann do luchd-tadhail agus daoine cruthachail.

'S e baile Loch na Madadh prìomh phort Uibhist a Tuath agus 's ann air cladach Raon Sònraichte Glèidhteachais a tha an t-ionad. Tha a' mhuir is an iarmailt cho nochdte anns an àite seo agus bidh iad a' toirt buaidh air beath ealain is cultarail an eilein. Tha blas na h-àrainneachd seo ri fhaicinn ann am mòran den phrògram inntinneach de thaisbeanaidhean is tachartasan a th' ann fad na bliadhna.

Tha sinn moiteil às a' bhuidheann againn a tha fosgailte, a tha a' cur luach anns na bhios an luchd-obrach, luchd-tadhail agus a' choimhearsnachd a' cur ri leasachadh an ionaid, Tha iomadachd agus co-ionannachd aig teis-meadhan na tha fa-near dhuinn.

Tha sinn maoinichte le Alba Chruthachail agus buidseat bliadhnaile de £100,000 againn.


Tha Bòrd Urrasairean againn, Àrd-oifigear agus sgioba àrd-mhanaidsearan, anns a bheil Manaidsear Ealain, Manaidsear Gnìomha, Stiùiriche Ionmhais pàirt-ùine agus 10 luchd-obrach eile. Bidh sinn a' cur fàilte air triùir urrasairean ùr aig a' bheil a' Ghàidhlig sa bhliadhn' ùir.

A' Ghàidhlig ann an Uibhist

Tha Uibhist air aon de na h-àiteachan as treasa a thaobh na Gàidhlig is cultar nan Gàidheal. Tha a' Ghàidhlig aig còrr is 63% de mhuintir Uibhist a rèir a' chunntais-sluaigh mu dheireadh.

Anns a' chunntas-sluaigh ann an 2011, bha comasan Gàidhlig aig 1,077 (68.2%) agus 502 (31.8%) gun chomasan Gàidhlig de na 1,579 daoine aig 3 bliadhna a dh'aois is nas sine ann an Uibhist a Tuath. Tha am measgachadh de sgilean sa Ghàidhlig aig an fheadhainn aig a bheil comas sam bith ri fhaicinn sa chlàr gu h-ìosal. 'S e am buidheann as urrainn a' Ghàidhlig a labhairt, a leughadh is a sgrìobhadh am buidheann as motha aig 40%. Bha seo nas àirde na an àireamh sa chumantas sna h-Eileanan Siar de 30.3% agus bha an àireamh aig nach robh comasan Gàidhlig nas ìsle na an àireamh sa chumantas sna h-Eileanan Siar a bh' aig 38.8%.

Feumar cuimhneachadh gu bheil grunn math de dhaoine aig an robh a' Ghàidhlig on ghlùn nach urrainn a leughadh no a sgrìobhadh air sgàth poileasaidhean oifigeil nan sgoiltean nuair a bha iad nan sgoilearan.



Tha a' Ghàidhlig ga bruidhinn air feadh Uibhist, Èirisgeigh is Bharraigh agus tha e fànear do Thaigh Chearsabhadh seirbheisean ealain, dualchais, cultarail is coimhearsnachd do na h-àiteachan seo uile.

Tha an àireamh de chloinn ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (aig gach ìre agus àite far a bheil e ri fhaotainn) mar a leanas;

- Tha an àireamh sgoilearan ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an clas 1 an Sgoil Uibhist a Tuath a-nis nas àirde na an àireamh sgoilearan Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.
- Tha 44% den sgoil ann am FMG.
- 56% ag ionnsachadh na Gàidhlig.
- Feumar a thoirt fa-near gu bheil na h-àireamhan seo a' cunntadh cuid a sgoiltean far nach eil FMG ri fhaighinn.

Bidh Taigh Chearsabhagh a' cumail clasaichean Gàidhlig agus bhon Fhaoilleach bidh sinn a' tairgsinn A' Chùrsa Inntigidh aig Sabhal Mòr Ostaig.

Tha sinn an-dràsta a' sireadh maoinachaidh airson Oifigear Gàidhlig sna Meadhanan is Conaltraidh fhasadh agus Neach-trèanaidh Gàidhlig.

Tha sinn air iarrtas maoinachaidh a chur air adhart airson oifigear Foghlaim is Coimhearsnachd le Gàidhlig airson obair a dhèanamh sna sgoiltean agus le seann daoine.

Tha Meòrachan Co-obrachaidh aig Taigh Chearsabhagh le Sabhal Mòr Ostaig agus a' cur mheòrachan eile air dòigh le com-pàirtichean ann an Gàidhlig, cànan is cultar.

A' Ghàidhlig aig Taigh Chearsabhagh:

Tha Taigh Chearsabhagh a' fastadh 14 luchd-obrach làn-ùine is pàirt-ùine.

	Cathraiche	Bòrd	Àrd-oifigear	Àrd-mhanaidsear	Luchd-obrach	Saor-thoilich
Gàidhlig		3		1	5	25
Neach-ionnsachaidh		2	1		2	10
Chan eil fhios	1					
Chan eilear ag ràdh						

Tha Taigh Chearsabhagh moiteil às an iomairt *Ar Stèidh san t-Saoghal – Our Place in the World*.

Tha sinn air seo a chur an sàs mar dòigh air cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh mar rud àbhaisteach aig Taigh Chearsabhagh.

Tha sinn gu mòr airson luchd-obrach a bhrosnachadh gus a' Ghàidhlig a chleachdadh is ionnsachadh agus bho 2018 bidh sinn a' cur trèanadh air dòigh tro Shabhal Mòr Ostaig anns a' Ghàidhlig agus dualchas nan Gàidheal airson gach ball den Bhòrd agus luchd-obrach.

CAIBIDEIL 2 – PRÌOMH DHEALASAN

Taigh Chearsabhadh a' cur roimhe gun tèid an àrainn as fhreagarraiche a chruthachadh airson a' Ghàidhlig a bhruidhinn san ionad againn le luchd-obrach agus luchd-tadhail, anns na gaileiridhean, san taigh-tasgaidh, sa chafé no ann an oifis a' phuist. Tha sinn a' cur dòighean-obrach an sàs airson seo a dhèanamh soilleir is gum bi a h-uile duine a' cumail ris.

Tha sinn a' cur romhainn Oifigear Mheadhanan is Conaltraidh le Gàidhlig fhadthad ann an 2018.

Dearbh-aithne: dearbh-aithne is soidhnichean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla

Conaltraidhean: roghainnean Gàidhlig is Beurla air an t-siostam fòin agus luchd-obrach aig an ionad-fàilte aig a bheil a' Ghàidhlig
Na foirmichean iarrtais againn is foirmichean a' Bhùird rim faotainn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
Tha sinn cuir bhràistean is shoidhnichean an sàs a dh'inneas do dhaoine gu bheil Gàidhlig againn no gu bheil sinn ag ionnsachadh
Clàran-bìdh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla

Foillseachaidhean: an làrach-lìn ùr againn dà-chànanach (foillsichte Faoilleach)
tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh a h-uile pìos conaltraidh air na meadhanan-sòisealta a bhith sa Ghàidhlig agus sa Bheurla

Luchd-obrach: a' cur trèanadh an sàs sa Ghàidhlig is ann an cultar is dualchas
Bidh sinn a' fastadh sa Bheurla agus sa Ghàidhlig agus a' cruthachadh dhreuchdan anns am bi sgilean a' Ghàidhlig
Tha sinn a' cumail clasaichean còmhraidh Gàidhlig gu cunbhalach feasgar Diciadain. Tha oileanaich nan cùrsaichean ealain aig Colaiste a' Chaisteil air a bhith an làthair.

Tha Taigh Chearsabhadh ag obair a dh'ionnsaigh Gàidhlig a chur aig teis-meadhan ar cuid obrach agus airson 's gum bi i beò anns an ionad againn agus gum bithear a' cumail sùil air seo is ga mheas gu cunbhalach.

- Fiosrachadh air cleachdadh làithreach
Tha sinn ag obair a dh'ionnsaigh Gàidhlig agus Beurla a bhith aig teis-meadhan ar cuid obrach gu lèir. Tha soidhnichean againn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla, soidhnichean sa chafé agus fiosrachadh san taigh-tasgaidh, agus bidh sinn ag iarraidh air luchd-obrach an cuid Gàidhlig a bhruidhinn cho tric 's as urrainn.
Tha e mar riaghailt poileasaidh againn gum bi a h-uile foillseachadh, post air meadhanan sòisealta is leasachaidhean lìn anns an dà chànan. Mar sin dheth, tha e riatanach gum bi sinn a' fastadh oifigear Mheadhanan is Conaltraidh le Gàidhlig.
- Prìomh raointean leasachaidh

- 'S iad na prìomh raointean leasachaidh san ath 1-3 bliadhna -
- Foillseachadh làrach-lìn ùr sa Ghàidhlig agus sa Bheurla
 - Ùrachadh a' Phoileasaidh Gàidhlig againn airson gach foillseachadh
 - Cruthachadh prògram thachartasan Geamhraidh agus a' Ghàidhlig is cultar nan Gàidheal aig cridhe gach tachartais le tachartasan san dà chànan
 - Dreuchdan ùra anns a bheil a' Ghàidhlig riatanach
 - Cruthachadh àite Gàidhlig – tachartasan sòisealta sa Ghàidhlig gach seachdain
- Targaidean
 - 4 prìomh thachartasan ùra stèidhichte air a' Ghàidhlig ro dheireadh 2018
 - Tachartasan an àite Gàidhlig gach seachdain
 - Ùrachadh a' Phoileasaidh Chonaltraidh
 - Trèanadh do bhuill a' Bhùird is luchd-obrach mar as iomchaidh
 - Cumail sùil air brosnachadh na Gàidhlig sa chafé/san ionad/san taigh-tasgaidh
 - Raon-ama
 - Foillseachadh na làraich-lìn – Faoilleach 2018
 - Ùrachadh is cruthachadh poileasaidh ron Mhàrt 2018
 - Prògram tachartasan geamhraidh bho 2018
 - Fastadh ro dheireadh 2018
 - Prìomh oifigear – Tormod MacLeòid, Stiùiriche-obraichean

Buileachadh Amasan roi-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh nan Amasan roi-innleachdail a thoirt gu buil mar a chaidh a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba. Ann an deasachadh Phlanaichean Gàidhlig, bu chòir do bhuidhnean poblach taisbeanadh mar a chuidicheas iad le cur an gnìomh nan Amasan roi-innleachdail, agus an toradh nàiseanta a dhearbhadh-aithneachadh a gheibh taic bho na gnìomhan sna planaichean aca. Anns an teampaid seo, tha loidhne far am faodar na h-Amasan roi-innleachdail iomchaidh a chomharrachadh a thaobh gach gnìomh sa Phlana Gàidhlig. Comharraich an Toradh Nàiseanta le bhith a' cur a-steach na h-àireamh iomchaidh bhon liosta gu h-ìosal.

1. Nas beartaiche & Cothromaiche

2. Nas Glice

3. Nas Fhailleine

4. Nas Sàbhailte 's nas Treasa

5. Nas Uaine

Earrann 1 – Dearbh-aithne

Prionnsapalan:

Tha làthaireachd don Ghàidhlig san dearbh-aithne chorporra agus ann an sanasan ùghdarras poblaich a' cur gu mòr ri faicsinneachd a' chànain, a' meudachadh inbhe agus a' dèanamh aithris chudromach mu dheidhinn mar a thathar a' cur luach air a' Ghàidhlig agus a' toirt aithne dhi. Faodaidh leasachadh air cleachdadh na Gàidhlig tro shanasachd, briathrachas luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a neartachadh, mothachadh poblach don chànan a thogail agus cur ri a leasachadh.

Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' leudachadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a' meudachadh a h-inbhe.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
<i>Dearbh-aithne corporra:</i>					
Cleachdadh làithreach	Cuid dhith dà-chànanach				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Thoir stuthan dà-chànanach a-steach airson dearbh-aithne chorporra gu lèir</i>	Cinn-litrichean dà-chànanach	Susbaint dhidseatach is chlà-bhuailte	Jane M-R	2 ^{na} ceathramh 2018
		Cairtean gnìomhachais dà-chànanach	Cairtean gan liubhairt	Jane M-R	2 ^{na} ceathramh 2018
		A h-uile rud clò-bhuailte	Stuthan gan liubhairt is rim faotainn	Jane M-R	4 ^{mh} ceathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail		Nas glìce			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Sanasachd (a-muigh 's a-staigh):					
Cleachdadh làithreach	Gàidhlig is Beurla				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Cothrom air dealbh-aithne ùrachadh</i>				
	<i>Leudaich gu sanasan a-staigh gu lèir</i>	Stuthan bhualte ùrachadh	clò-gan	Jane M-R	3 ^{as} ceathramh 2018
	<i>Gach sanas ùr dà-chànanach</i>			Tormod MacLeòid	
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail		Nas glìce			

Earrann 2 – Conaltraidhean

Prionnsapalan:

Tha cleachdadh na Gàidhlig sa chiad àite-coinneachaidh eadar buill a' phobaill agus ùghdarras poblach a' meudachadh làthaireachd faicsinneach agus osgarra a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus di-beathte. A thuilleadh air àrdachadh ìomhaigh a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach agus a' brosnachadh buill a' phobaill gus Gàidhlig a chleachdadh ann an dèiligidhean leis an ùghdarras phoblaich às dèidh sin.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an eadar-chonaltradh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus fòn cudromach ann an cruthachadh chothroman airson cleachdadh a' chànain, agus a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus di-beathte. Tha làthaireachd don Ghàidhlig ann an raon fharsaing de fhoirmean dà-chànanach agus foirmean Gàidhlig a-mhàin gu mòr ag àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Faodaidh deasachadh dhreachan Gàidhlig de fhoirmean, bileagan iarrtais agus sgrìobhainnean mar sin, cuideachadh le leudachadh air raon briathrachais na Gàidhlig agus mothachadh a' phobaill Ghàidhlig a thogail a thaobh an leithid sin de bhriathrachas, mar sin a' cuideachadh le leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Taigh Chearsabhagh ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach sa Ghàidhlig ann an raon fharsaing de shuidheachaidhean làitheil, agus thathar dealasach a thaobh meudachadh air a h-ìre sòlarachaidh san sgìre seo.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
<i>Ionad-fàilte:</i>					
Cleachdadh làithreach	Tha luchd-obrach le Gàidhlig aig an ionad-fàilte				
Prìomh raointean	<i>Feumaidh sinn a' Ghàidhlig a</i>	Gum bi gach	Bidh sinn a' sgrùdadh	Jane M-R	3 ^{as} ceathramh

leasachaidh	<i>bhrosnachadh airson a dhèanamh àbhaisteach. Nì sinn ar dìcheall airson seo a dhèanamh.</i>	neach-obrach (fileantaich is luchd-ionnsachaidh) baidheil don chànan.	agus a' dèanamh suirbhidh gach ràith.		2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail Iomchaidh		Nas beartaiche is nas cothromaiche.			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Fòn:					
Cleachdadh làithreach	Tha sinn dìreach an dèidh fàilte san dà chànan a chur an sàs				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach a' tòiseachadh le fàilte sa Ghàidhlig.</i>	A h-uile neach-obrach comasach air (co-dhiù) fàilte sa Ghàidhlig a ràdh.	Sgrùdadh, suirbhidh.	Jane M-R	2 ^{na} ceathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail Iomchaidh		Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Post agus Post-dealain:					
Cleachdadh làithreach	Tha puist-d sa Bheurla mar as àbhaist				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Cùm taic ri luchd-obrach le Gàidhlig airson an cuid sgilean sgrìobhaidh a bhrosnachadh</i>	2 neach-obrach (co-dhiù) le sgilean sgrìobhaidh sa	2 neach-obrach (co-dhiù) le sgilean sgrìobhaidh sa	Tormod MacLeòid	4 ^{mh} ceathramh 2018

		Ghàidhlig	Ghàidhlig		
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas glìce			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Foirmean:					
Cleachdadh làithreach	Foirmean iarrtais is foirmean eile rim faotainn san dà chànan				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Leudaich airson dèanamh cinnteach gu bheil gach foirm ri fhaotainn sa Ghàidhlig</i>	Gach foirm ri fhaotainn sa Ghàidhlig	Gach foirm ri fhaotainn sa Ghàidhlig	Jane M-R	1 ^{ad} ceathramh 2019
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas glìce/Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Coinneamhan poblach:					
Cleachdadh làithreach	Fàilte sa Ghàidhlig agus a' mhòr chuid den choinneimh sa Bheurla				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Comas air coinneamhan a chumail san dà chànan</i>	4 coinneamhan poblach Gàidhlig, CEUT a' cumail òraidean Gàidhlig leithid òraid Fred MhicAmhlaigh	Cùm 4 coinneamhan poblach aig a' char as lugha sa Ghàidhlig	Tormod MacLeòid	1 ^{ad} ceathramh 2019
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas glìce is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Modh-dèiligidh Ghearanan:					
Cleachdadh làithreach	Faodar gearanan a chur ann an cànan sam bith				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Ath-sgrùdadh is sanasachd pròiseas ghearanan</i>	Pròiseas ghearanan ùr an sàs	Cùm cunntas air àireamh ghearanan is cànanan	Jane M-R	2 ^{na} ceathramh 2018
	<i>Sònraich am pròiseas air-loidhne/didseatach</i>	90% de ghearanan an cruth didseatach	Cùm cunntas air àireamh ghearanan is cruthan	Jane M-R	2 ^{na} ceathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas glìce agus nas cothromaiche/nas uaine			

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Prionnsapalan:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon stuthan clò-bhuailte cuideachadh le leasachadh na Gàidhlig ann an diofar dhòighean. Tha e a' cuideachadh le meudachadh air faicsinneachd a' chànain, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean àrd-ìomhaigheil, agus a' cuideachadh le leasachadh briathrachais ùr agus briathrachas a tha ann mar-thà. Tha cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan a' cuideachadh le bhith a' taisbeanadh dealas ùghdarras poblaih a thaobh ruigsinneachd air fiosrachadh tro mheadhan na Gàidhlig, a thuilleadh air àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Mar a bhios barrachd daoine a' faotainn fiosrachaidh mu ùghdarrasan poblach tro na làraich-lìn aca, faodaidh cothrom air Gàidhlig a chleachdadh cur gu mòr ri àrdachadh inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha Taigh Chearsabhagh dealasach a thaobh meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig anns na raointean sin far a bheil an cuspair inntinneach don phoball san fharsaingeachd no co-cheangailte gu sònraichte ri gnothaichean Gàidhlig.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
<i>Dàimhean Poblach agus Meadhanan:</i>					
Cleachdadh làithreach	Ad-hoc				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Tha sinn an dùil oifigear Mheadhanan is Conaltraidh le Gàidhlig fhastadh</i>	Maoineachadh airson neach fhastadh	Fastadh soirbheachail	Jane M-R	1 ^{ad} cheathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas glìce, nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Stuth Clò-bhuailte:					
Cleachdadh làithreach	Chan eil ach beagan ga fhoillseachadh				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Dèanamh cinnteach gu bheil dòigh-obrach dà-chànanach an lùib stuth clò-bhuailte, fastadh neach le Gàidhlig as urrainn obair sgrìobhte sa Ghàidhlig a thoirt gu buil</i>	Maoineachadh airson oifigear Mheadhanan is Conaltraidh le Gàidhlig	Fiosrachadh clò-bhuailte dà-chànan mar riaghailt	Tormod MacLeòid	2 ^{na} ceathramh 2018
	<i>Lùghdaich an uiread de stuthan clò-bhuailte - cleachd dòighean didseatach mas urrainn</i>	Lùghdaich uiread stuthan clò-bhuailte	Eadar-lìon is meadhanan sòisealta gan cleachdadh nas trice	Jane M-R	3 ^{as} ceathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas uaine			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Làraich-lìn:					
Cleachdadh làithreach	Ag obair air làrach-lìn ùr, a bh' anns a' Bheurla a-mhàin gu ruige seo				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Làrach-lìn ùr sa Ghàidhlig agus tha dreach Beurla ann</i>	Làrach-lìn ùr ga fhoillseachadh san Fhaoilleach 2018	Sgrùdadh figearan luchd-cleachdaidh	Jane M-R	Bhon Fhaoilleach 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Taisbeanaidhean:					
Cleachdadh làithreach	A rèir an taisbeanaidh fhèin.				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Dèanamh cinnteach gu bheil stuthan sanasachd is fiosrachaidh dà-chànanach.</i>	Bidh fiosrachadh taisbeanaidh gu lèir dà-chànanach ro dheireadh 2018	Àireamh luchd-taisbeanaidh is uiread de dh'fhiosrachadh dà-chànanach ga thoirt gu buil	Jane M-R	4 ^{mh} ceathramh 2018
	<i>Dèan cinnteach gu bheil susbaint dhidseatach dà-chànanach.</i>	Bidh fiosrachadh taisbeanaidh gu lèir dà-chànanach ro dheireadh 2018	Àireamh luchd-taisbeanaidh is uiread de dh'fhiosrachadh didseatach dà-chànanach ga thoirt gu buil	Jane M-R	4 ^{mh} ceathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Earrann 4 – Luchd-obrach

Prionnsapalan:

Gus seirbheisean a liubhairt tro mheadhan na Gàidhlig, tha e riatanach na sgilean obrach iomchaidh agus na sgilean càtain aig an luchd-obrach a leasachadh. Tha solarachadh chothroman ionnsachaidh do luchd-obrach a' cuideachadh le adhartachadh ionnsachadh na Gàidhlig le inbhich agus ag adhartachadh Gàidhlig mar sgil fheumail san àite-obrach. Bidh comharrachadh obraichean sa bheil Gàidhlig mar sgil ainmichte a' cur gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri bhith ga comharrachadh mar sgil dhearbhadh a bu chòir fhaotainn.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd a' cuideachadh cuideachd le bhith a' tuigsinn gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachdadh sa bheatha phoblaich agus gu bheil àite sònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig ri choileanadh an taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge 'r bith dè na sgilean a tha riatanach tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan cinnteach gu bheil Gàidhlig na fìor riatanas san dreuchd. Bu chòir do dh'ùghdarrasan togail air agus cur an gnìomh slatan-tomhais neo-eisimeileach gus dèanamh cinnteach gu bheil a' fastadh luchd-obrach anns gach suidheachadh ann an dòigh a tha cothromach agus co-chòrdail, agus a' nochdadh nan sgilean comharraichte airson na h-obrach.

Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil obrach chudromach agus a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil e riatanach no ion-mhiannaichte Gàidhlig a chleachdadh. Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn cuideachd cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad air a shon.

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Trèanadh:					
Cleachdadh làithreach	Trèanadh NA fo sgrùdadh iomlan				

Prìomh raointean leasachaidh	<i>Tha Meòmhrachan Co-obrachaidh aig TC le Sabhal Mòr Ostaig agus tha sinn air prìomh fheuman trèanaidh ann an cànan is dualchas na Gàidhlig a shònrachadh</i>	A' chiad sreath chùrsaichean ann an 2018	Cùrsa Gàidhlig, cùrsa ùrachaidh do dh'fhileantaich is cùrsa dualchais gan liubhairt a thuilleadh air a' chlas a th' ann mar-thà.	Norman MacLeod	2 nd quarter 2018
	<i>Bidh sinn a' tairgsinn a' Chùrsa Inntigidh aig SMO</i>	Cùrsa a' tòiseachadh san Fhaoilleach 2018	Cùrsa ga liubhairt do 6 oileanaich aig a' char as lugha	Jane M-R	
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Ionnsachadh cànan:					
Cleachdadh làithreach	Cùrsa Inntigidh is clasaichean còmhraidh gan tabhann aig TC le taic SMO				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Toirt uiread a chùrsaichean is àiteachan am meud</i>	Cùrsa ga dhèanamh aig ionad a-muigh	Cùrsa ga liubhairt	Jane M-R	1 ^{ad} cheathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Fastadh:					
Cleachdadh làithreach	Sanasan didseatach agus anns A' Phàipear				
Prìomh raointean	<i>Dèanamh cinnteach gu bheil sanasan gu lèir dà-chànanach</i>	Thèid dreuchdan ùra (2 a	Sanasan gan sgaoileadh	Jane M-R	2 ^{na} ceathramh 2018

leasachaidh		dh'aithghearr) a shanasachd an cruth didseatach is dà-chànanach			
	<i>A' fastadh neach-obrach as urrainn susbaint Gàidhlig a sgrìobhadh</i>	Faigh maoinachadh	Fastadh coileanta	Jane M-R	1 ^{ad} cheathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas uaine/Nas beartaiche is nas cothromaiche			

Gnìomh Leasachaidh	Gnìomhan	Targaidean	Comharran Coileanaidh	Prìomh Oifigear	Raon-ama
Sanasachd:					
Cleachdadh làithreach	Mar as iomchaidh, gu didseatach tro lionra com-pàirteachais, naidheachdan ionadail (Beurla)				
Prìomh raointean leasachaidh	<i>Dèanamh cinnteach gu bheil sanasachd gu lèir dà-chànanach</i>	Sanasachd gu lèir dà-chànanach	Sanasan dà-chànanach	Jane M-R	3 ^{as} ceathramh 2018
Cuideachadh le Amasan ro-innleachdail lomchaidh		Nas uaine/Nas beartaiche is nas cothromaiche & Fairer			

Caibideil 3 – Buaidhean poileasaidh don Ghàidhlig agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Buaidhean poileasaidh don Ghàidhlig

Tha **Taigh Chearsabhagh** ag aithneachadh gum bi na diofar raointean prìomhachais a tha comharraichte ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air am buileachadh gu ìre mhòr tro ar Plana Gàidhlig, ach gum bi cothroman ag èirigh gus an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro thomhaisean poileasaidh a tha ann mar-thà. Bidh **Taigh Chearsabhagh** a' sgrùdadh dhealasan poileasaidh làithreach gus raointean a chomharrachadh far am faod Gàidhlig a bhith air a gabhail a-steach gu for-ghnìomhach agus prìomhachasan a' Phlana Nàiseanta air an tòiseachadh tro dhòighean a bharrachd. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo ann an co-chòrdadh ri prionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a gabhail a-steach mar phàirt làitheil sa bheatha ann an Alba.

Nuair a thèid poileasaichean a chruthachadh, ath-nuadhachadh agus a dhearcanadh, ni **Taigh Chearsabhagh** cinnteach gum bi buaidhean sam bith air a' Ghàidhlig a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Os-shealladh air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' dearbh-aithneachadh ceithir sheallaidhean eadar-cheangailte ann an leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, agus an taobh a-staigh dhiubh àireamh de raointean prìomhachais:

1. *Togail Cànan*

A' meudachadh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan ga sgaoileadh an taobh a-staigh theaghlaichean agus le bhith a' tèarainn chothroman èifeachdach airson Gàidhlig ionnsachadh tro:

- meudachadh air cleachdadh agus sgaoileadh na Gàidhlig san dachaigh
- meudachadh air an àireamh chloinne a' togail Gàidhlig san dachaigh
- meudachadh togail agus ruigsinneachd air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- meudachadh air an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach ag adhartachadh gu fileantachd

2. *Cleachdadh Cànan*

A' brosnachadh nas motha cleachdaidh air a' Ghàidhlig, a' solarachadh chothroman gus an cànan a chleachdadh agus ag adhartachadh ruigsinneachd air gnàthasan-cainnte Gàidhlig, tro:

- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig sna coimhearsnachdan

- meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam dreuchdail agus anns an àite obrach
- meudachadh air làthaireachd na Gàidhlig anns na meadhanan
- meudachadh air adhartachadh na Gàidhlig anns na h-ealain
- meudachadh air ìomhaigh na Gàidhlig ann an raointean turasachd, dualchais agus chur-seachadan

3. *Inbhe Cànan*

A' meudachadh faicsinneachd agus osgarrachd na Gàidhlig, ag àrdachadh a h-aithne agus a' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach don Ghàidhlig ann am beatha phoblaich na h-Alba tro:

- meudachadh air an àireamh de bhuidhnean poblach a' deasachadh Phlanaichean Gàidhlig
- meudachadh air ìomhaigh agus inbhe na Gàidhlig
- meudachadh air faicsinneachd agus aithneachadh na Gàidhlig

4. *Corpas Cànan*

A' neartachadh ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus ag adhartachadh rannsachadh anns a' chànan tro:

- meudachadh air ìomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- meudachadh air mathas agus ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- meudachadh ruigsinneachd air fiosrachadh neo-mhearachdach rannsachaidh

Dealas a thaobh Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Taigh Chearsabhagh dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gum buillichear am Plana Nàiseanta, agus anns an earrann seo tha sinn a' mineachadh mar a choileanas sinn an amas sin.

1. Togail Cànan

Prionnsapalan:

Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn gu bheil seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd an crochadh air barrachd dhaoine ag ionnsachadh a' chànan agus gum feumar cuimseachadh air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar na prìomh dhòighean air seo a choileanadh. Bheir sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson fàs air an àireamh luchd-ionnsachaidh ann an Alba.

- Gàidhlig san Dachaigh – tha taghadh de leabhraichean Gàidhlig againn, leabhraichean chloinne agus leabhraichean foghlaim, agus leanaidh sinn agus nì sinn barrachd sanasachd. Tha sinn a' reic DVDan is leabhraichean

Gàidhlig air an dèanamh le Taigh Chearsabhagh sa bhùth agus sa bhùth air-loidhne. Bidh sinn a' foillseachadh leabhar Gàidhlig mu Ruairidh MacAoidh, Bàrd Iollaraigh le ro-ràdh le Julie Fowlis sa Ghearran 2018.

- Gàidhlig ann am Foghlam – a bharrachd air na na clasaichean còmhraidh againn agus An Cùrsa Inntigidh le Sabhal Mòr Ostaig, bidh sinn a' cumail clasaichean ealain le Colaiste a' Chaisteil OGE. Tha sinn ag obair cuide ri Colaiste a' Chaisteil an-dràsta airson eileamaidean Gàidhlig a thoirt a-steach don cùrsaichean
- Gàidhlig ann an Ionnsachadh Inbheach – a bharrachd air na clasaichean còmhraidh againn bidh An Cùrsa Inntigidh le Sabhal Mòr Ostaig ann is bidh sinn ga chur air dòigh gach bliadhna. Feasgar Diciadain is Oidhche Chiadain.

2. Cleachdadh Cànan

Prionnsapalan:

Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn gu bheil cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd ag iarraidh, chan e a-mhàin an àireamh dhaoine aig a bheil comas an cànan a labhairt, ach a bhith a' meudachadh air fìor chleachdadh a' chànan. Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha e comas a thoirt do bharrachd daoine, Gàidhlig a chleachdadh mar an dòigh conaltraidh as fheàrr agus as nàdarraiche dhaibh ann an raon ghnìomhachdan làitheil a tha a' sìor fhàs.

- Gàidhlig sna Coimhearsnachdan – tha sinn a' sireadh maoineachaidh airson dreuchd Foghlam Gàidhlig is Coimhearsnachd. Nuair a tha maoineachadh againn cuiridh sinn TC Ceas air dòigh a bheir sinn a-mach do bhuidhnean coimhearsnachd is dachannan dhaoine.
- Gàidhlig san Àite Obrach – bidh sinn a' tairgsinn trèanadh Gàidhlig don luchd-obrach mar as iomchaidh, tha sinn air bràistean is soidhnichean a dhealbhadh airson luchd-obrach a shònrachadh a tha fileanta no ag ionnsachadh na Gàidhlig agus cuiridh sinn iomairt ùr air dòigh airson cleachdadh làitheil a bhrosnachadh. Tha sinn air triùir Urrasairean fhadastadh, dithis a aig an robh a' Ghàidhlig on ghlùin agus aon a tha air a h-ionnsachadh.
- Gàidhlig sna Meadhanan – tha sinn a' sireadh maoineachaidh airson oifigear Mheadhanan is Conaltraidh le Gàidhlig fhadastadh airson dèanamh cinnteach gu bheil brathan naidheachd, artaigilean is margaideachd dà-chànanach
- Gàidhlig anns na h-Ealain – bidh sinn a' brosnachadh cultar is ealain na ha Gàidhlig, bidh sinn ag obair le luchd-ealain aig a bheil a' Ghàidhlig no a tha an sàs ann an cultar na Gàidhlig no nan eileanan. Bheir sinn an obair seo am meud agus thèid stuth margaideachd gu lèir a dhèanamh san dà chànan
- Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan – tha na taisbeanaidh san Taigh-tasgaidh uile dà-chànanach, tha fiosrachadh do luchd-turais againn ann an grunn chànanan agus tha mapaichean OS ann san dà chànan.

3. Inbhe Cànain

Prionnsapalan:

Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn gu bheil inbhe cànain fo bhuaidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil an cànain air a chleachdadh, air a luachadh agus air fhaicinn a bhith air a luachadh leis na buidhnean sin aig a bheil pàirt cudromach nar beatha làitheil.

- Deasachadh Plana Gàidhlig – tha sinn air a' chiad phlana Gàidhlig againn ullachadh, tha e fa-near dhuinn gur e sgrìobhainn bheò a bhios ann a bhios sinn ag ath-sgrùdadh is ag ùrachadh gu cunbhalach.
- A' cruthachadh Ìomhaigh Dheimhinneach don Ghàidhlig – tha sinn a' cur na Gàidhlig is cultar nan Gàidheal aig teis-meadhan ar cuid obrach is sinn a' fastadh luchd-obrach aig a bheil a' Ghàidhlig is sgilean sgrìobhaidh, is sinn an dùil ar cuid margaideachd a dhèanamh san dà chànan.
- Meudachadh air Faicsinneachd na Gàidhlig – bidh sinn a' cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta againn, tha sinn a' cur làrach-lìn Gàidhlig ùr air bhog, tha sinn ag amas air a' mhargaideachd gu lèir againn a bhith dà-chànanach agus bidh sinn a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig aig TC.

4. Corpas Cànain

Prionnsapalan:

Tha Taigh Chearsabhagh a' tuigsinn cho riatanach 's a tha e iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, cho cudromach 's a tha e seirbheisean eadar-theangachaidh a dhèanamh comasach agus rannsachadh sa chànan adhartachadh.

- Leasachadh Litreachadh Gàidhlig, Briathrachas agus Ainmean Àiteachan – chan eil Taigh Chearsabhagh an sàs ann an obair mar seo mar a tha aon de na com-pàirtichean stèidheachaidh againn, Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath.
- Eadar-theangachadh agus Eadar-theangachadh Mar-aon Gàidhlig – tha Meòrachan Co-obrachaidh againn le Sabhal Mòr Ostaig, bidh sinn ag obair cuide ri Ceòlas airson seirbheisean eadar-theangachaidh maoinichte a shònrachadh agus a dhearbhadh.
- Gàidhlig ann an Suirbhidhean agus Rannsachadh – bidh sinn a' dèanamh nan suirbhidhean againn gu didseatach agus san dà chànan. Tha sinn air Survey Monkey a chur gu feum airson seo a thoirt gu buil gu soirbheachail.

CAIBIDEIL 4 – BUILEACHADH AGUS SGRÙDADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo riaghailteach gu foirmeil airson 5 bliadhna bhon cheann-latha seo no gus an cuirear plana ùr ann an gnìomh. Ann an Caibideil 2 – *Prìomh Dhealasan* agus Caibideil 3 – *Buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig* tha sinn air cinn-latha thargaidean fa leth a mhìneachadh don àm a tha sinn a' dùileachadh dealasan sònraichte a choileanadh.

Foillseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Thaigh Chearsabhadh air fhoillseachadh dà-chànanach air làrach-lìn Thaigh Chearsabhadh. A thuilleadh air an sin:

- cuiridh sinn a-mach fios-naidheachd ag ainmeachadh a' phlana;
- bidh leth-bhreacan den phlana rim faotainn sna h-oifisean poblach againn agus ar n-ionadan fàilte
- cuiridh sinn am plana an aithne an luchd-obrach tro eadra-lìon Thaigh Chearsabhadh;
- libhrigidh sinn leth-bhreacan den phlana gu ar Buidhnean Poblach Neo-roinneil, buidhnean gnìomha, luchd-ionaid agus cunnraidhean;
- libhrigidh sinn leth-bhreacan den Phlana gu buidhnean Gàidhlig;
- libhrigidh bsinn leth-bhreacan den phlana gu buidhnean sùimeil eile; agus
- cuiridh sinn a-mach leth-bhreacan a rèir iarrtais.

Rèiteachadh Rianachail air Buileachadh a' Phlana Ghàidhlig

Is e am plana seo poileasaidh Thaigh Chearsabhadh agus tha e air aontachadh le ar àrd-sgioba stiùiridh agus buill Comhairle.

Uallach Iomlan:

Bidh an t-Àrd-oifigear cunntachail aig a' cheann mu dheireadh airson dèanamh cinnteach gun liubhair *Taigh Chearsabhadh* na dealasan a tha air am mìneachadh sa Phlana.

Luchd-obrach fa leth:

Bidh sinn a' leantainn oirnn le sgaoileadh a' phlana tro choinneamhan cunbhalach leis an luchd-obrach, iarraidh sinn air an luchd-obrach an cuid bheachdan a thoirt seachad is nì sinn sgrùdadh gu cunbhalach air adhartas. Cuiridh sinn taic is trèanadh an sàs don luchd-obrach airson dearbhadh gu bheil sinn a' coileanadh gach pàirt den phlana.

Seirbheisean air an liubhairt le treas phàrtaidhean:

Nì sinn ath-sgrùdadh air com-pàirteachasan le buidhnean on taobh a-muigh airson dearbhadh gu bheil poileasaidhean is planaichean airson taic a chumail ris a' Ghàidhlig aig gach buidheann/companaidh solarachaidh.

A' toirt fiosrachaidh do bhuidhnean eile mun Phlana

Sgaoilidh sinn brath naidheachd, cuiridh sinn fios air an làraich-lìn againn agus na meadhanan sòisealta agus cuiridh sinn puist-d do na com-pàirtichean againn leis an fhiosrachadh as ùire agus le ceangal don phlana.

Goireasachadh a' Phlana

Tha gnìomhan a' phlana riatanach a thaobh obair làitheil Thaigh Chearsabhaigh. Tha sinn air maoinachadh LEADER fhaighinn (cha d' fhuair sinn maoinachadh co-ionnan fhathast) airson Oifigear Mheadhanan is Conaltraidh le Gàidhlig fhadhadh agus tha sinn a' cur iarrtasan maoinachaidh airson preantas sna h-Ealainean Gàidhlig fhadhadh.

Sgrùdadh Buileachadh a' Phlana

Bidh an t-Àrd-oifigear againn a' sgrùdadh stèidheachadh a' phlana, is i ag obair gu dlùth cuide ris an Oifigear Gàidhlig againn agus le taic eòlaichean Shabhal Mòr Ostaig. Cuiridh sinn ath-sgrùdadh an sàs gach mìos; bheir sinn aithisgean do Bhòrd nan Urrasairean gach dàrna mìos agus bidh cothrom aig Bòrd na Gàidhlig na h-aithisgean seo fhaighinn. Bhitheamaid a' sùileachadh ri coinneamhan gach dàrna bliadhna le Bòrd na Gàidhlig airson an t-adhartas againn a sgrùdadh agus cuiridh sinn suirbhidhean air-loidhne airson beachdan is comhairle an t-sluaigh a thrusadh gach dàrna bliadhna.

Airson Fiosrachadh:

Am prìomh oifigear le uallach obrachail agus ceannas air deasachadh, liubhairt agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Thaigh Chearsabhaigh:

Jane Mhoireasdan-Ros
Àrd-oifigear
Taigh Chearsabhaigh
Taigh-tasgaidh is Ionad-ealain Thaigh Chearsabhaigh
Uibhist a Tuath,
Innse Gall,
HS6 5AA
01870 603973
jane@taigh-chearsabhaigh.org

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha an cur gu:

Jane Mhoireasdan-Ros
Àrd-oifigear
Taigh Chearsabhaigh
Taigh-tasgaidh is Ionad-ealain Thaigh Chearsabhaigh
Uibhist a Tuath,
Innse Gall,
HS6 5AA
01870 603973
jane@taigh-chearsabhaigh.org